Mausa Mhuigh
An Tom-aiteann
Ionbhar-nis.
12mh. la de Sept., 1932.

A mhic Ghriógair, a charaid,

Gur fada mu thuath 'am meadhon an fhraoich
'Tha mise an taobhs' air awradh;
Gur charaid dhomh dluth a thuigeas mo rùn,
No 'chumas 'am chuimhne a' Ghaidhlig.

Bidh tric orm fadal, ged nach bi mi gá aithris,
Aig smaoineachadh 'ur comunn 's 'ur n-abhachd.
Ged tha'n duthaich so fallain is àillidh 'an sealladh
Bu chiatach na gleannan a dh' fhag mi.

Ach le tim bidh sinn cleachte ri gnaths agus beachdan
Na muinntir tha mealtainn an aite.
Tha iad dìleas d'on aoradh is coibhneil mar dhaoine,
'S cha leigimn gun aobhar an càineadh.

'S ein drenchd 'san toileanntinn le gunnachan 's miol-choin
'Bhi siubhal nam frithean gun tamh dhaibh
Le luaidhe is fudar tha coileach an dudain
Ga chasgradh 's ga spionnadh 'o na h-ardaibh.

Tha cnuantan de fhraoch gu gucagach, caoin,
Le maisealachd sgaoilte 'na bhlàran:
Tha coilltean nan geug mar bhraithtean de spreidh
Air slios nam beann reith 'cur sgaile.

2010.74.2

Tha aibhnichean mòr le buinneachan còrr
Gu bras-shruthach, dòbhaidh, laidir,
Aig càrraidh gu cuan feadh charan is chuach,
'S am bradan 's glan tuar a tamh annt'.

Fad mhiltean is mhiltean, sear agus siar
Chan'eil tighean le rian, no aiteach.
An cois rathaid-mòir tha'n chuid dhiubh tha beo:
Tha fuigheall san ghleann 'na fhasach.

Ged chuireadh a faran a chanain is math leam
Gheibh i ann fhathast a h-aite
'An aoradh 's an teagasg la Sabaid 's an Eaglais
Ach Eachann a ghleidheil a shlainte.

Tha iarmad 'san ~~spiorad~~ a labhras gun strith i—
A' chainnt bh'aig an sinnsear rin laithean:
A ruigeas an cridhe ag urnuigh 'san spiorad,
'S a dh'uraicheas guidhe am màthar.

~~Aig~~ Domhnull mac Asaaill 'aim ~~aig~~ Muighe 'na chlachair
Tha'n t-urram air ealain na bardachd.
Dhuisgeadh gu ealaidh e shuas an Dailcarrais
'S cha do leig e a chleachdadh a' Ghaidhlig.

Fear-teagaisg na Coisir tha againn 'am Moigh
'S e dealasach, ceolmhor, is cairdeil;
Nuair thig thu an rathad theid suime g'a fharraid;
'S am muigh is a mach ris a bhrathair.

Tha mi'n dochas, a charaid, gu'n deach thuit mar bu mhath (leam;
Luchd-ceannachd ga d' rioghachd 's ga d' phaipeadh —
At ann ad sporan is toic ann ad ghoilleam;
Is sonas a lasadh do bhlath-shuil.

Tha duil agam d'fhaicinn nu thoiseach an ath-mhios
Nuair thig as gu falach na Gaidheil;
'S a thionalas cuideachd nan garbh-chriochan uile
'Chur urraim is mais' air an cànain*.

* Aig a' Mhòd.

Ach 's fheudar dhomh agus dhuit (Ged 's fhaochadh is furtachd
'Bhi pairteachadh ultaich ri'r càirdean:
Mo bheannachd gach latha dhuit-fhein 's do d' luchd-taighe,
Mo mhiann-sa, fo m' anail, 'bhi laimh riut.

Eachann.

Deigh-sgriob.

Tha làn fhiuthair orm d'fhaicinn 'sa' Ghearasdan mu mheadhon seachdainn a Mhòid: agus moran eile de na h-Obanaich. Dh'fhaodadh e bhith gu'n h-ann a theumainn leam thachairt-thu. E.C.

Please return to
Hugh Cameron.
15 Ashdale Drive.
S.W.2.